

# Stiùireadh Deasbaid

Adhbhar agus Prionnsabalan Eadar-  
amaill airson Foghlam, Rannsachadh  
agus Leasachadh Sgilean às dèidh  
na Sgoile

## An Dùbhlachd 2022

## Clàr-innse

Mu Adhbhar agus Prionnsabalan .....	4
A' cleachdadh an Stiùiridh Deasbaid seo .....	4
Adhbhar agus Prionnsabalan Eadar-amail airson Foghlam, Rannsachadh agus Leasachadh Sgilean às dèidh na Sgoile- Diagram.....	6
Prionnsabal a h-Aon - Deagh Chàileachd .....	7
Ceist 1.1 .....	7
Ceist 1.2 .....	7
Prionnsabal a h-Aon - Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh .....	8
Prionnsabal a Dhà - Taiceil agus Cothromach .....	10
Ceist 2.1 .....	10
Ceist 2.2 .....	10
Prionnsabal a dhà – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh.....	11
Prionnsabal a Trì - Cliù Cruinneil .....	13
Ceist 3.1 .....	13
Ceist 3.2 .....	13
Prionnsabal a Trì – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh .....	14
Prionnsabal a Ceithir - Freagairteach agus Susbainteach .....	16
Ceist 4.1 .....	16
Ceist 4.2 .....	16
Prionnsabal a Ceithir – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh .....	17
Prionnsabal a Còig - Follaiseach, seasmhach agus earbsach .....	19
Ceist 5.1 .....	19
Ceist 5.2 .....	19
Prionnsabal a Còig – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh .....	20
An Adhbhar aig Foghlam, Rannsachadh agus Leasachadh Sgilean às dèidh na sgoile.....	22

Ceist 6.1 .....	22
Adhbhar – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh .....	23
Beachdan air ais .....	24
Dè thachras an uair sin? .....	25
Teampalaid airson freagairt.....	26
Ceist 1.1 .....	26
Ceist 1.2 .....	26
Ceist 2.1 .....	26
Ceist 2.2 .....	27
Ceist 3.1 .....	27
Ceist 3.2 .....	27
Ceist 4.1 .....	28
Ceist 4.2 .....	28
Ceist 5.1 .....	28
Ceist 5.2 .....	29
Ceist 6.1 (a)	
.....	29
Ceist 6.1 (b) .....	29

## **Mu Adhbhar agus Prionnsabalan**

- Tha an t-eag-shiostam airson foghlam iar-sgoile, rannsachadh agus leasachadh sgilean a' gabhail a-steach cholaistean, oilthighean, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd, preantasachdan agus trèanadh air a stiùireadh le fastaichean còmhla ris an rannsachadh a leasaicheas an smaoineachadh, na siostaman agus na toraidhean ùra a chuidicheas le bhith a' cur air adhart ar comann-sòisealta aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Tha an t-Adhbhar agus na Prionnsabalan a' mìneachadh na tha sinn le chèile airson 's gun libhrigeadh an t-eag-shiostam foghlaim, rannsachadh agus leasachadh sgilean seo. Nuair a thèid fhoillseachadh, coileanaidh an dreach deireannach gealltanais Riaghaltas na h-Alba agus aithris fhoillseachadh air rùn ro-innleachdail airson an eag-shiostaim às dèidh molaidhean Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC) san ath-sgrùdadh aca "Coherence and Sustainability: A Review of Tertiary Education and Research".
- Tha an sgrìobhainn seo ga foillseachadh aig àm cudromach. Tha dùbhlain shòisealta agus eaconomach fharsaing mu choinneamh nan daoine, nan seirbheisean poblach agus na h-eaconamaidh againn. Tha an obair seo a' toirt cothrom dàna dhuinn an t-eag-shiostam gu lèir a cho-thaobhadh le adhbhar agus seata phrionnsapalan coitcheann a bheir seachad frèam soilleir airson co-dhùnidhean a dhèanamh stèidhichte air na builean a tha sinn airson faicinn.
- Bheir an obair seo dùbhlain do bheachdan agus dùilean cultarach air na dh'fhaodas an t-eag-shiostam a libhrigeadh air feadh a' chomainn-shòisealta seo. Tha e a' cruthachadh cothrom beachdachadh air ath-leasachaidhean poileasaidh a nì cinnteach gun glèidh sinn na rudan anns a bheil sinn a' cur luach agus aig an aon àm a bhith a' lùghdachadh caiteachas, a' lùghdachadh ìrean fàilligidh agus a' toirt piseach air builean.

## **A' cleachdadh an Stiùiridh Deasbaid seo**

- Tha an stiùireadh deasbaid seo a' mìneachadh nan còig prionnsapalan agus an adhbhair airson foghlam, rannsachadh agus leasachadh sgilean às dèidh na sgoile.

- Tro chonaltradh tràth air cruthachadh an adhbhair agus nam prionnsapalan, dh'fhàs e soilleir gum feumar beachdachadh air grunn roghainnean poileasaidh is cleachdaidh gus tuigsinn mar a bhiodh na prionnsapalan ag obrachadh agus a' cumail taic ri lìbhrigeadh san eag-shiostam.
- Bidh an stiùireadh a' toirt sùil air na prionnsapalan mu seach, a' faighneachd cheistean mu chànan agus mu na roghainnean poileasaidh is cleachdaidh a chaidh a thogail gu ruige seo.
- Chuireamaid fàilte air fios-air-ais bhuaibh mu na roghainnean sin, a' cur fiosrachadh ann mu roghainnean eile a tha sibh a' smaoinneachadh a bu chòir dhuinn beachdachadh air no rannsachadh, agus ma tha sibh a' smaoinneachadh gu bheil deagh chleachdadh no cothroman leasachaidh ann, feuch an ainmich sibh iad sin nur beachdan.

**Adhbhar agus Prionnsabalan Eadar-amail airson Foghlam, Rannsachadh agus Leasachadh Sgilean às dèidh na Sgoile- Diagram**



## **Prionnsabal a h-Aon - Deagh Chàileachd**

Tha cothroman àrd-inbhe rim faighinn do dhaoine gus an t-eòlas agus gus na sgilean aca àrdachadh aig an àm agus anns an àite a tha ceart dhaibh

Cumaidh an earrann seo taic ri com-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air a' phrionnsapal "Àrd-chàileachd" agus na roghainnean poileasaidh a tha rim faotainn gus taic a chumail ri libhrigeadh a' phrionnsapail seo ann an Alba an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 1.1**

- A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Càileachd Àrd a bhith ann mar phrionnsabal agus mun chànan a chleachd sinn mu dheidhinn?

### **Ceist 1.2**

- Tha am prionnsapal seo mu cuin, càite agus ciamar a tha cothroman air an toirt seachad.
- Nad bheachd-sa, ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn eag-shiostam taiceil is cothromach a thogail gus diofar sheòrsaichean slighean a chur an comas do chleachdaichean?

## Prionnsabal a h-Aon - Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh

- Tha Earrann a h-Aon a' toirt cothrom do chom-pàirtichean beachdachadh air a' phrionnsapal "Càileachd Àrd".
- Thathas a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.
- A rèir na buidhne, dh'fhaodar an dà cheist a dheasbad mu seach, no dh'fhaodadh na com-pàirtichean a bhith air an cur còmhla ann am buidhnean agus diofar cheistean a thoirt dhaibh airson còmhradh.

Faodar beachdachadh air Ceist 1.1 ann an dà phàirt:

- 1.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e prionnsapal cudromach a tha seo a bu chòir a bhith mar phàirt den Adhbhar agus Prionnsabalan?
- 1.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh a' phrionnsapail seo?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 1.1, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Dè tha càileachd àrd a' ciallachadh dhut nad dhreuchd san eag-shiostam nas fharsainghe no ann an eaconamaidh sunnd na h-Alba san fharsaingeachd?
- An e seo am mìneachadh ceart air prionnsapal càileachd àrd? A bheil rud sam bith nach eil ann a bu toil leat fhaicinn anns an earrainn seo?

Faodar beachdachadh air Ceist 1.2 ann an dà phàirt:

- 1.2 (a) Dè seòrsa roghainnean libhrigidh a dh'fheumas a bhith rim faighinn do dhaoine fa leth gus eag-shiostam a thogail a tha taiceil is cothromach?
- 1.2 (b) A bheil eisimpleir sam bith agad de dheagh chleachdadh a thaobh a' phrionnsapail seo no an urrainn dhut raointean a chomharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth?



Ann a bhith beachdachadh air ceist 1.2, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Ciamar a bheir sinn taic do dhaoine fa leth agus na feumalachdan eadar-dhealaichte aca gus cothrom fhaighinn air, agus crìoch a chur air, tursan tron eag-shiostam? Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air an t-seòrsa de dhòighean libhrigidh, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach rudan leithid ionnsachadh didseatach, measgaichte no ionnsachadh pearsanta. Dh'fhaodadh e coimhead cuideachd air rudan leithid teisteanasan pàirt-ùine, làn-ùine no meanbh-theisteanasan.
- Ciamar a bheir sinn seachad eadar-ghluasadan rèidh agus furasta eadar diofar phàirtean den eag-shiostam? Dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air a bhith ag aithneachadh ionnsachadh agus gnàth-eòlas a fhuaradh ro-làimh agus a bhith a' sgrùdadh diofar mhodalan ceum amalaichte.
- Ciamar a bheirear taic do dh'Obair Chothromach agus leasachadh proifeiseanta leantainneach air feadh an eag-shiostaim gus na h-ìrean càileachd as àirde a chumail ann an ionnsachadh, teagasg, rannsachadh agus taic?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil eòlas dhaoine air ionnsachadh anns a h-uile àrainneachd gar n-ullachadh airson obair tharbhach?
- Ciamar a chuireas sinn ris an eòlas agus tuigse againn mu na buannachdan agus na builean bho dhiofar shlighean luchd-ionnsachaidh?

## **Prionnsabal a Dhà - Taiceil agus Cothromach**

Gheibh daoine taic tron t-slighe ionnsachaidh aca, ag amas gu sònraichte air an fheadhainn as motha a tha feumach air.

Bheir an earrann seo taic do chom-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air a' phrionnsapal "Taiceil agus Cothromach" agus na roghainnean poileasaidh a tha rim faotainn gus taic a chumail ri libhrigeadh a' phrionnsapail seo ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 2.1**

- A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Taiceil agus Cothromach a bhith ann mar phrionnsabal agus mun chànan a chleachd sinn mu dheidhinn?

### **Ceist 2.2**

- Tha am prionnsapal seo mu ciamar, cuin, cò dha agus cò leis a tha taic air a toirt seachad.
- Nad bheachd-sa, ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn eag-shiostam taiceil agus cothromach a thogail gus taic a thoirt do dhiofar sheòrsaichean shlighean?

## Prionnsabal a dhà – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh

- Tha Earrann a dhà a' toirt cothrom do chom-pàirtichean beachdachadh air a' phrionnsapal "Taiceil agus cothromach".
- Thathas a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.
- A rèir na buidhne, dh'fhaodar an dà cheist a dheasbad mu seach, no dh'fhaodadh na com-pàirtichean a bhith air an cur còmhla ann am buidhnean agus diofar cheistean a thoirt dhaibh airson còmhradh.

Faodar beachdachadh air Ceist 2.1 ann an dà phàirt:

- 2.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e prionnsapal cudromach a tha seo a bu chòir a bhith mar phàirt den Adhbhar agus Prionnsabalan?
- 2.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh a' phrionnsapail seo?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 2.1, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Dè tha taiceil agus cothromach a' ciallachadh dhut nad dhreuchd san eag-shiostam nas fharsainge no ann an eaconamaidh sunnd na h-Alba san fharsaingeachd?
- An e seo am mìneachadh ceart air prionnsapal taiceil agus cothromach? A bheil rud sam bith nach eil ann a bu toil leat fhaicinn anns an earrainn seo?

Faodar beachdachadh air Ceist 2.2 ann an dà phàirt:

- 2.2 (a) Dè seòrsa roghainnean libhrigidh a dh'fheumas a bhith rim faighinn do dhaoine fa leth gus eag-shiostam a thogail a tha taiceil agus cothromach?
- 2.2 (b) A bheil eisimpleir sam bith agad de dheagh chleachdadh a thaobh a' phrionnsapail seo no an urrainn dhut raointean a chomharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 2.2, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Ciamar a chumas sinn oirnn a' togail air an adhartas a rinn iomairtean gus ruigsinneachd a leudachadh? A bheil sinn fhathast a' leudachadh ruigsinneachd anns na raointean ceart, a bheil sinn ag amas air na daoine ceart agus a' toirt taic dhaibh gus am faigh iad na cothroman ceart? Ciamar a bu chòir dhuinn adhartas air leudachadh ruigsinneachd a mhìneachadh agus a thomhas? A bheil beachd sam bith eile agad ri thoirt dhuinn air ciamar a bu chòir dhuinn dèiligeadh ri bhith a' leudachadh ruigsinneachd tron eag-shiostam air fad, chan ann a-mhàin ann an oilthighean agus colaistean?
- Dè an dòigh as fheàrr air taic oileanach a thoirt seachad? Dè seòrsa taic do dh'oileanaich a bu chòir a bhith ann? Càite am chòir dhuinn a bhith a' toirt seachad seirbheisean taic oileanaich? Cuin a bu chòir dhuinn taic oileanach a thoirt seachad, dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air diofar bhuidhnean aoise no aig diofar ìrean de thuras an neach-ionnsachaidh. Cò dha a bu chòir dhuinn a bhith a' toirt taic oileanaich? Aig an àm seo, tha cuid de na h-eileamaidean de thaic oileanaich air an cuimseachadh, am bu chòir seo a leantainn? Nam bu chòir, dè na buidhnean air am bu chòir dhuinn a bhith ag amas?
- Cò a bu chòir pàigheadh airson nan diofar eileamaidean ann an turas an neach-ionnsachaidh? Cuin a bu chòir dhaibh seo a phàigheadh agus dè an suidheachadh sònraichte anns am bu chòir seo tachairt? Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air àite taic oileanaich, maoineachadh riaghaltais, maoineachadh luchd-fastaidh, taic dhìreach bho ionadan foghlaim, agus eisimpleirean de dhaoine fa leth a' maoineachadh an cuid leasachaidh fhèin.

## **Prionnsabal a Trì - Cliù Cruinneil**

Feumaidh rannsachadh, teagasg, ùr-ghnàthachadh agus iomlaid eòlais a nithear ann an Alba, diofar a dhèanamh; ag adhartachadh agus a' cur ri sunnd cruinneil, a' dèiligeadh ri dùbhlain na 21mh linn agus a' tàladh in-sheilbh agus tàlant airson a bhith ag ionnsachadh, a' fuireach agus ag obair ann an Alba.

Cumaidh an earrann seo taic ri com-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air a' phrionnsabal "Cliù Cruinneil" agus na roghainnean poileasaidh a tha rim faotainn gus taic a thoirt do libhrigeadh a' phrionnsapail seo ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 3.1**

- A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Cliù Cruinneil a bhith ann mar phrionnsabal agus mun chànan a chleachd sinn mu dheidhinn?

### **Ceist 3.2**

- Tha am prionnsapal seo mu na tha rannsachadh ann an Alba a' cur ris an t-saoghal agus air an àite a th' aige ann a bhith a' toirt taic do sheasamh cruinneil na h-Alba, sàr-mhathas teagaisg, beairteas agus ceangailteachd.
- Nad bheachd-sa, ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn spèis eadar-nàiseanta a chumail agus a bhrosnachadh airson eag-shiostam rannsachaidh, foghlaim is sgilean na h-Alba, agus airson in-thasgadh agus tàladh tàlant eadar-nàiseanta?

## Prionnsabal a Trì – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh

- Tha Earrann a Trì a' toirt cothrom do chom-pàirtichean beachdachadh air a' phrionnsapal "Cliù Cruinneil".
- Thathar a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.
- A rèir na buidhne, dh'fhaodar an dà cheist a dheasbad mu seach, no dh'fhaodadh na com-pàirtichean a bhith air an cur còmhla ann am buidhnean agus diofar cheistean a thoirt dhaibh airson còmhradh.

Faodar beachdachadh air Ceist 3.1 ann an dà phàirt:

- 3.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e prionnsapal cudromach a tha seo a bu chòir a bhith mar phàirt den Adhbhar agus Prionnsabalan?
- 3.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh a' phrionnsapail seo?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 3.1, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Dè tha cliù cruinneil a' ciallachadh dhut nad dhreuchd san eag-shiostam nas fharsainghe no ann an eaconamaidh sunnd na h-Alba san fharsaingeachd?
- An e seo am mìneachadh ceart air prionnsapal cliù cruinneil? A bheil rud sam bith nach eil ann a bu toil leat fhaicinn anns an earrainn seo?

Faodar beachdachadh air Ceist 3.2 ann an dà phàirt:

- 3.2 (a) Dè seòrsa roghainnean libhrigidh a dh'fheumas a bhith rim faighinn do dhaoine fa leth gus eag-shiostam a thogail aig a bheil cliù cruinneil?
- 3.2 (b) A bheil eisimpleir sam bith agad de dheagh chleachdadh a thaobh a' phrionnsapail seo no an urrainn dhut raointean a chomharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 3.2, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an dà chuid rannsachadh bunaiteach agus rannsachadh air a chur an sàs agus an raon de thùsan maoineachaidh rannsachaidh, ciamar a nì sinn no ciamar a bu chòir dhuinn co-dhùnadh a dhèanamh air dè an rannsachadh a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba a mhaoineachadh? Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air cothromachadh maoineachaidh stèidhichte air misean no air sàr-mhathas maoineachaidh? Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn am feum as fheàrr a dhèanamh de thasgadh poblach ann an rannsachadh, ùr-ghnàthachadh agus iomlaid eòlais gus seòrsaichean tasgaidh eile fhaighinn?
- Dè seòrsa chothroman a th' ann airson foghlam eadar-nàiseanta, com-pàirteachasan agus cothroman iomlaid? Ciamar as urrainn dhuinn cumail oirnn togail air seo? A bheil deagh eisimpleir sam bith san raon seo? Dè na dòighean as fheàrr gus air ceanglaichean agus lìonraidhean eadar-nàiseanta a chleachdadh gus am feum as fheàrr fhaighinn asta?
- Dè cho seasmhach 's a tha na taobhan den eag-shiostam a tha fo bhuidh eadar-nàiseanta? Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air tàladh luchd-obrach is oileanaich eadar-nàiseanta, an àireamh sa cheud de dh'oileanaich air cùrsaichean a tha nan oileanaich eadar-nàiseanta a tha a' pàigheadh chìsean oilthighe, agus a' bhuidh san fhad-ùine a bhios aig an RA a bhith a' fàgail an AE air an eag-shiostam.

## **Prionnsabal a Ceithir - Freagairteach agus Susbainteach**

Bidh a h-uile duine san eag-shiostam a' co-obrachadh agus a' libhrigeadh a chum leas eaconamaidh sunnd na h-Alba

Bheir an earrann seo taic do chom-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air a' phrionnsapal "Freagairteach is Sùbailte" agus na roghainnean poileasaidh a tha ann gus taic a thoirt do libhrigeadh a' phrionnsapail seo ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 4.1**

- A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Freagairteach agus Susbainteach a bhith ann mar phrionnsabal agus mun chànan a chleachd sinn mu dheidhinn?

### **Ceist 4.2**

- Tha am prionnsapal seo mu chomas an eag-shiostaim freagairt ri dhràibhearan cruinneil agus dachaigheil
- Nad bheachd-sa, dè an dòigh san urrainn dhuinn taic a thoirt dhan eag-shiostam gus a bhith sùbailte agus freagairteach do dh'fheumalachdan na h-Alba san àm ri teachd?



## Prionnsabal a Ceithir – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh

- Tha Earrann a Ceithir a' toirt cothrom do chom-pàirtichean beachdachadh air a' phrionnsapal "Freagairteach agus Subailte".
- Thathar a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.
- A rèir na buidhne, dh'fhaodar an dà cheist a dheasbad mu seach, no dh'fhaodadh na com-pàirtichean a bhith air an cur còmhla ann am buidhnean agus diofar cheistean a thoirt dhaibh airson còmhradh.

Faodar beachdachadh air Ceist 4.1 ann an dà phàirt:

- 4.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e prionnsapal cudromach a tha seo a bu chòir a bhith mar phàirt den Adhbhar agus Prionnsabalan?
- 4.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh a' phrionnsapail seo?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 4.1, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Dè tha sùbailte agus freagairteach a' ciallachadh dhut nad dhreuchd san eag-shiostam nas fharsainghe no ann an eaconamaidh sunnd na h-Alba san fharsaingeachd?
- An e seo am mìneachadh ceart air prionnsapal freagairteach agus sùbailte? A bheil rud sam bith nach eil ann a bu toil leat fhaicinn anns an earrainn seo?

Faodar beachdachadh air Ceist 4.2 ann an dà phàirt:

- 4.2 (a) Dè seòrsa eag-shiostam a dh'fheumadh a bhith againn airson a bhith sùbailte agus freagairteach do dh'iarntasan a tha ag atharrachadh? Dè an seòrsa lìbhrigidh a bhiodh tu an dùil fhaicinn, agus dè na dòighean anns am faodadh seo a bhith air a dhealbhadh gus an urrainn dha a bhith sùbailte agus freagairteach do dhiofar sheòrsaichean iarntasan thar diofar raointean-ama - dh' fhaodadh seo a bhith na rud obann mar ghalar lèir-sgaoilte no rudeigin

san fhad-ùine mar an gluasad gu cothromachadh-carboin no seallaidhean dùthchail is eileanach?

- 4.2 (b) A bheil eisimpleir sam bith agad de dheagh chleachdadh a thaobh a' phrionnsapail seo no an urrainn dhut raointean a chomharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 4.2, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Ciamar a nì sinn cinnteach gum bi an t-eag-shiostam fhathast mothachail air agus freagairteach do riatanasan ionadail, roinneil, nàiseanta agus air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach àite cholaistean agus oilthighean mar acraichean catharra mar phàirt de thogail beairteas coimhearsnachd?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil dàimhean obrach nan diofar phàirtean den eag-shiostam aig gach ìre a' leigeil leis an eag-shiostam a bhith a' tòiseachadh, a' freagairt agus a' libhrigeadh a rèir iarrtasan caochlaideach.
- Ciamar a chumas sinn taic do cho-thaobhadh sgilean ann an Alba, a' gabhail a-steach planadh sgilean soirbheachail mar fhreagairt air feumalachdan a' mhargaidh obrach?
- Ciamar a tha an t-eag-shiostam a' cumail taic ri bhith ag àrdachadh sgilean agus ag ath-sgileadh an luchd-obrach? Dè an dòigh as fheàrr gus seo a libhrigeadh agus a bhrosnachadh? Cò a phàigheas airson dè agus cuin?
- Ciamar as fheàrr a bheirear taic agus brosnachadh do dh'fhastaichean gus preantasachdan a chruthachadh, a bhith a' tasgadh ann an trèanadh taobh a-staigh na h-obrach agus a bhith a' leasachadh luchd-obrach agus a' togail dàimhean le colaistean agus oilthighean agus solaraidhean ionnsachaidh is leasachadh coimhearsnachd?

## **Prionnsabal a Còig - Follaiseach, seasmhach agus earbsach**

Tha an t-eag-shiostam air a riaghladh gu math, seasmhach a thaobh ionmhais agus na h-àrainneachd agus tha earbsa ann gus libhrigeadh.

Bheir an earrann seo taic do chom-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air a' phrionnsapal "Follaiseach, Seasmhach agus Earbsach" agus na roghainnean poileasaidh a tha rim faotainn gus taic a thoirt do libhrigeadh a' phrionnsapail seo ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 5.1**

- A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Follaiseach, Seasmhach agus Earbsach a bhith ann mar phrionnsabal agus mun chànan a chleachd sinn mu dheidhinn?

### **Ceist 5.2**

- Tha am prionnsapal seo mu structar an eag-shiostaim agus mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' tuigsinn na tha an siostam a' libhrigeadh, cò tha ga a' libhrigeadh agus mar a thachras sin.
- Nad bheachd-sa, ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn eag-shiostam follaiseach, seasmhach agus earbsach a thogail gus taic a thoirt do rannsachadh agus tursan luchd-ionnsachaidh soirbheachail?

## Prionnsabal a Còig – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh

- Tha Earrann a Còig a' toirt cothrom do chom-pàirtichean beachdachadh air a' phrionnsapal "Follaiseach, Seasmhach agus Earbsach".
- Thathas a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.
- A rèir na buidhne, dh'fhaodar an dà cheist a dheasbad mu seach, no dh'fhaodadh na com-pàirtichean a bhith air an cur còmhla ann am buidhnean agus diofar cheistean a thoirt dhaibh airson còmhraidh.

Faodar beachdachadh air Ceist 5.1 ann an dà phàirt:

- 5.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e prionnsapal cudromach a tha seo a bu chòir a bhith mar phàirt den Adhbhar agus Prionnsabalan?
- 5.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh a' phrionnsapail seo?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 5.1, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Dè tha follaiseach, seasmhach agus earbsach a' ciallachadh dhut nad dhreuchd san eag-shiostam nas fharsainge no ann an eaconamaidh sunnd na h-Alba san fharsaingeachd?
- An e seo am mìneachadh ceart air prionnsapal follaiseach, seasmhach agus earbsach? A bheil rud sam bith nach eil ann a bu toil leat fhaicinn anns an earrainn seo?

Faodar beachdachadh air Ceist 5.2 ann an dà phàirt:

- 5.2 (a) Dè seòrsa structairean a dh'fheumadh a bhith an sàs airson eag-shiostam follaiseach, seasmhach agus earbsach a bhith ann? Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach rudan mar structaran riaghlaidh, dòighean aithris, a' suidheachadh poileasaidh an riaghaltais, riochdachadh luchd-

obrach agus oileanaich air bùird, sgaradh dhleastanasan agus dhleastanasan eadar an riaghaltas, buidhnean-gnìomha agus institiudan.

- 5.2 (b) A bheil eisimpleir sam bith agad de dheagh chleachdadh a thaobh a' phrionnsapail seo no an urrainn dhut raointean a chomharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth?

Ann a bhith beachdachadh air ceist 5.2, dh'fhaodadh an stiùireadh a leanas a thoirt do chom-pàirtichean gus taic a thoirt dhan smaoineachadh aca agus do dheasbad sam bith. Mar eisimpleir:

- Ciamar a thomhaiseas sinn builean aig ìre an eag-shiostaim? Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil iad sin follaiseach agus a rèir feumalachdan? Ciamar a ghluaiseas tu bho bhith a' tomhas in-chur a-steach dhan eag-shiostam gu bhith a' tomhas buaidh an eag-shiostaim? Ciamar a chumas sinn barantachadh agus cunntachalachd fhad 's a bhios sinn a' toirt seachad barrachd sùbailteachd mu chruth an dòigh-lìbhrigidh?
- Ciamar as urrainn dhuinn na slighean a dhèanamh nas sìmplidhe agus nas soilleire do luchd-cleachdaidh agus an cuideachadh gus roghainnean fiosraichte nas fheàrr a dhèanamh a thaobh far an tèid iad?
- Cò ris a bu chòir riaghladh air feadh agus taobh a-staigh an eag-shiostaim a bhith coltach? Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air riochdachadh luchd-cleachdaidh, riochdachadh aonaidhean, a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-uallach san àite cheart.
- Ciamar a bheir sinn taic dhan eag-shiostam gus am bi e a' faireachdainn gu bheil earbsa ann gus libhrigeadh? Ciamar a bhios eileamaidean den eag-shiostam ag obair còmhla gus libhrigeadh a cho-thaobhadh? A bheilear a' toirt cumhachd do dhaoine a bhith ag obair gus builean nas fheàrr a libhrigeadh?
- Ciamar as urrainn dhan riaghaltas agus do NDPBan prìomhachasan tasgaidh a chomharrachadh, a' gabhail a-steach dèiligeadh ri bochdainn chloinne, a' libhrigeadh eaconamaidh sunnd soirbheachail agus a' libhrigeadh a' ghluasaid gu cothromachadh carboin? Am bu chòir rangachd tasgaidh a bhith againn airson foghlam, sgilean agus rannsachadh às dèidh na sgoile?

## **An Adhbhar aig Foghlam, Rannsachadh agus Leasachadh Sgilean às dèidh na sgoile**

Gus smaoinichadh, toraidhean agus siostaman ùra a chruthachadh tro rannsachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom agus dòighean aig daoine, aig gach ìre nam beatha, air na sgilean, eòlas, luachan agus buadhan a thogail gus an comas a choileanadh agus gus cur gu mòr ris a' chomann-shòisealta.

Bheir an earrann seo taic do chom-pàirtichean an t-seisein gus beachdachadh air adhbhar foghlam, leasachadh sgilean agus rannsachadh às dèidh na sgoile agus na roghainnean poileasaidh a tha rim faotainn gus taic a thoirt do lìbhrigeadh an adhbhair ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

### **Ceist 6.1**

- A bheil thu ag aontachadh leis an adhbhar a tha air a mhìneachadh airson eag-shiostam foghlam, rannsachadh agus leasachadh sgilean ann an Alba às dèidh na sgoile?

## **Adhbhar – Nòtaichean do Luchd-cuideachaidh**

- Tha Earrann a Sia a' leigeil le com-pàirtichean beachdachadh air an adhbhar aig foghlam, rannsachadh agus leasachadh sgilean às dèidh na sgoile.
- Thathar a' brosnachadh luchd-cuideachaidh gus taic a thoirt do bhuidhnean gus na ceistean a dheasbad mus toir iad geàrr-chunntas seachad agus mus co-roinn iad toradh nan còmhraidhean aca.

Faodar beachdachadh air Ceist 6.1 ann an dà phàirt:

- 6.1 (a) A bheil thu ag aontachadh gur e seo adhbhar eag-shiostam foghlam, rannsachadh agus leasachadh sgilean às dèidh na sgoile?
- 6.1 (b) A bheil beachd sam bith agad air cànan no cumadh an adhbhair?

## Beachdan air ais

- Tapadh leibh airson pàirt a ghabhail anns a' chòmhradh seo air Adhbhar agus Prionnsapalan eadar-amail an fhoghlam às dèidh na sgoile, rannsachadh agus leasachadh sgilean.
- Is urrainn dhuibh obrachadh gus an teamplaid airson freagairt do na ceistean a lìonadh, a gheibhear aig deireadh an stiùiridh seo.
- Is dòcha gum bi sibh airson toraidhean a' chòmhradh seo a chleachdadh mar thaic do fhreagairt nam buidhne agaibh san fhreagairt nas fharsainge do leasachadh an Adhbhair is nam Prionnsapalan.
- Ma tha barrachd taic a dhìth oirbh ann a bhith a' cur a-steach freagairt, nach cuir sibh fios chun an sgioba aig [PurposeandPrinciples@gov.scot](mailto:PurposeandPrinciples@gov.scot) .




## Dè thachras an uair sin?

- Thig obair còim-pàirteachaidh air an Adhbhar is na Prionnsapalan gu crìch air 24 Màrt 2023.
- Thèid na freagairtean uile a chruinneachadh agus thèid an cleachdadh gus seata deireannach den Adhbhar is Prionnsapalan airson Foghlam, Rannsachadh agus Leasachadh Sgilean às dèidh na sgoile fhiosrachadh. Thèid an tionndadh mu dheireadh fhoillseachadh as t-Earrach 2023.
- Bidh foillseachadh an Adhbhar is nam Prionnsapalan na thoiseach tòiseachaidh air ùine ath-leasachaidh nas fharsainge gus dèanamh cinnteach gu bheil ar n-eag-shiostam foghlaim, rannsachaidh agus leasachadh sgilean às dèidh sgoile seasmhach agus iomchaidh airson an àm ri teachd.
- Is e cothrom a tha seo dhut ar cuideachadh le bhith a' tuigsinn dè a tha ag obair agus dè nach eil ag obair san eag-shiostam làithreach, dè an dòigh as fheàrr a th' ann airson piseach a thoirt air cùisean.

## **Teamlaid airson freagairt**

### **Ceist 1.1**




### **Ceist 1.2**




### **Ceist 2.1**




**Ceist 2.2**




**Ceist 3.1**




**Ceist 3.2**




**Ceist 4.1**

A large, empty rectangular box with a thin black border, intended for the student's answer to Ceist 4.1.


**Ceist 4.2**

A large, empty rectangular box with a thin black border, intended for the student's answer to Ceist 4.2.


**Ceist 5.1**

A large, empty rectangular box with a thin black border, intended for the student's answer to Ceist 5.1.

**Ceist 5.2**



**Ceist 6.1 (a)**



**Ceist 6.1 (b)**





© Crown copyright 2022



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-359-4 (web only)

Published by The Scottish Government, December 2022

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1208402 (12/22)

W W W . g o v . s c o t